

1220/410

TEISTEANAIS DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
NÀISEANTA 1.00 PM – 2.00 PM
2011

GÀIDHLIG
ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre, Meadhan Ìre
agus Sàr Ìre
Sgrìobhadh

LEUGH SEO AN TOISEACH

Na dèan ach **aon** cheist.

Leugh am pàipear uile mus tagh thu ceist.

Lean ris na tha a' cheist ag iarraidh ort.

Cuir tiotal air na sgrìobh thu.

Sgrìobh, air oir na duilleige, àireamh na ceiste a rinn thu.





1. Tha thu a' faighinn cothrom a dhol ann an rùm-còmhradh air an eadar-lìon a bhruidhinn còmhla ri cuideigin ainmeil à saoghal telebhisein. Sgrìobh an còmhradh a bh' agaibh.
2. Tha cus suim air a chur ann an daoine ainmeil. Chan eil iad a' toirt ìomhaigh mhath do dhaoine òga. Dè do bheachd?
3. Sgrìobh litir gu companaidh-telebhisein ag innse mu dheidhinn smuain a th' agad airson prògram ùr do dheugairean.



4. An rèis.
5. Na Geamaichean Oilimpigeach — rud math no dona do Bhreatainn?
6. Sgrìobh bileag-fiosrachaidh mu dheidhinn spòrs a bhios tu a' cluich.

[Tionndaidh an duilleag



7. ABBA, Na Beatles, Na Rolling Stones — abair ceòl! Cha bhi cuimhne aig daoine air còmhlain agus seinneadairean an latha an-diugh an ceann fichead bliadhna.
Dè do bheachd?

8. Sgrìobh artaigil airson làrach-lìn òigridh mun cheòl as fheàrr leat agus na tha e a' ciallachadh dhutsa.

9. Aig a' Mhòd.



10. Oidhche Shamhna.

11. An cleas.

12. “Chuir e eagal mo bheatha orm.” Sgrìobh mu àm nuair a bha an t-eagal ort.

[Tionndaidh an duilleag airson Ceistean 13, 14 agus 15 air *Duilleag a sia*



13. Tha thu nad neach-naidheachd airson pàipear-naidheachd ionadail. Lean thu an carbad-eiridinn anns an dealbh. Sgrìobh an stòiridh a chuir thu anns a' phàipear-naidheachd.
14. Sgrìobh mu àm nuair a bha thusa no cuideigin a tha thu glè eòlach air anns an ospadal.
15. Bu toigh leam fhèin obair far am bithinn a' cuideachadh dhaoine eile.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]